

Gàidhlig.

Iùl do Thaigh-tasgaidh na Gàidhealtachd an Iar.

'S e taigh-tasgaidh neo-eisimeileach, stèidhichte ann an 1922, a th' againn an seo. Tha e air a shuidheachadh ann an seann bhanca, fear de na togalaichean as sine sa Ghearasdan. Tha sinn a' taisbeanadh eachdraidh shlàn na Gàidhealtachd an Iar, bho Linn na Cloiche dhan fhicheadamh linn, agus tha sinn air leth moiteil às a' chruinneachadh againn air ar-a-machan nan Seumasach - a tha cudromach aig ìre nàiseanta.

Tha ochd seòmraichean taisbeanaidh againn air dà làr. Leanaibh na soidhnichean àireamhaichte.

Bidh sinn a' faighinn nas lugha na 20% de na cosgaisean againn bhon sporan phoblach. Tha sinn an eisimeil fialaidheachd dhaoine mar sibh fhèin airson a' chòrr. Nach beachdaich sibh air tabhartas a thoirt dhuinn, mas e 's gun còrd ur turas ribh.

Seòmar 1. Na Commandos

Thug na Commandos ionnsaighean dùbhlanaich agus cunnartach aig àm an Dàrna Cogaidh. Fhuair iad an trèanadh aig Caisteal Achadh na Cairidh, 12 mìle às a' Ghearasdan. 'S e trèanadh cruaidh a bh' ann a ghabh a steach tighinn gu tìr an aghaidh "nàmhaid", agus cleachdadh pheilearan ceart. Gheibh sibh cothrom tuilleadh ionnsachadh anns an taisbeanadh ùr againn mu eachdraidh nan Commandos.

Seòmar 2. Seòmar an Riaghladair.

Chaidh an Dùn, no an Gearasdan, às an d' fhuair am baile ainm, a thogail ann an 1690. Bha e air ainmeachadh as dèidh an rìgh ùir, Uilleam Orains. Tha ceangal eachdraidheil aige ri ar-a-machan nan Seumasach, air am faicear tuilleadh shuas an staidhre. Bha an dùn fo smachd Riaghladair agus bhuineadh na pannalan seo don t-seòmar aige ann. Chaidh an togalach a dholaidh mean air mhean anns an 19^{mh} linn agus chaidh a leagail airson rathad-iarainn a thogail. Tha cuid de na ballachan aige rim faicinn fhathast.

Cumaibh ur sùilean fosgailte an seo airson innean Chlann Raghnaill. Thathar a’ creidsinn gur ann le ceann-cinnidh Clann Raghnaill a bha e agus gun deach a chleachdadh, is dòcha, gun armachd aodainn a dhèanamh. Chì sibh cuideachd an seo bòrd sgiùrsaidh bhon taigh-chùirte ionadail, air an deach eucoirich a sgiùrsadh gu 1948. Tha mapa an t-seann dùin air a’ bhalla.

Seòmar 2 (trannsa) Inbhir Lòchaidh, an Gearasdan agus Murt Ghlinne Comhann.

Tha tobhta meadhan-aoiseil Chaisteal Inbhir Lòchaidh fhathast ri fhaicinn. Thachair blàr ainmeil faisg air làimh ann an 1645 aig àm a’ chogaidh chatharra eadar na Cùmhnantaich, a bha a’ sireadh saorsa creideimh, agus luchd-taic an Rìgh Theàrlaich I. Chaidh an là le feachd an Rìgh fo Mharcais Mhontròis, ged a bha fada a bharrachd shaighdearan aig Diùc Earra-Ghàidheal air an taobh eile.

Thug na Pròstanaich, Uilleam agus Mairi, rìgh-chathair na h-Alba is Shasainn bho Sheumas VI & II ann an 1688. Dh’iarr iad bòid dhìlseachd bho na cinn-chinnidh a chionn ’s gun robh taic làidir fhathast do Sheumas am measg nan Gàidheal. Bha Maclain, ceann-cinnidh Dòmhnallaich Ghlinne Comhann, fadalach a bhòid fhèin a ghabhail agus chaidh a cho-dhùnadh a pheanasachadh mar eisimpleir do chàch. Chuir Riaghladair a’ Ghearasdain saighdearan gu ruige Gleanna Comhann. Fhuair iad aoigheachd nòsach nan Gàidheal an sin. Dh’fhuirich iad còmhla ris an luchd-aoigheachd aca gu sìtheil fad cola-deug ach air 13^{mh} An Gearran, 1692, tràth sa mhadainn, am measg cur-is-cathadh, mhurt iad Maclain agus 35 de na daoine aige. Tha Murt Ghlinne Comhann fhathast mi-clìùiteach mar eisimpleir de bhrathadh aoigheachd agus earbsa.

Chì sibh leth-bhreacan de litrichean mu Mhurt Ghlinne Comhann an seo. Cumaibh ur sùilean fosgailte airson clogad Sheumais Ghreumaich, Marcais Montròis agus cuaille, no maide, Iain Luim, bàrd na Ceapaich. Sgrìobh Iain an dàn “Murt Ghlinne Comhann”, a’ càineadh nam murtairean.

Ri taobh a' cheas seo, tha eisimpleirean dhen tuagh Abrach, seann bhall-airm a nochdas ann an suaicheantas a' Ghearasdain.

Tha dealbhan air a' bhalla a sheallas Gearasdan Dubh Inbhir Lòchaidh agus Gearasdan Cille Chuimein a chaidh a thogail aig ceann a deas Loch Nis an dèidh ar-a-mach nan Seumasach ann an 1715. Chuir Gearasdan Deòrsa, faisg air Inbhir Nis, crìoch air sreath dhùn anns a' Ghleann Mhòr.

Seomar 3. Dualchas Nàdarra agus Clach Eòlas..

Tha cuid de na h-eòin agus beathaichean fiadhaich as motha ann am Breatainn rim faicinn ann an Alba. Tha deagh eisimpleirean againn de thaicsidearmaidh, a chuid as motha dhuibh à linn Bhictoria. Seallaibh gu sònraichte air an iolair-bhuidhe.

Chaidh Beinn Nibheis agus Gleanna Comhann a chruthachadh le beanntan-teine agus bha na rathaidean co-shìnte ainmeil ann an Gleann Ruaidh air an dèanamh le eigh-shruthan a chrìon aig deireadh Linn na Deighe.

'S e an Gleann Mòr feart-tìre iongantach a tha a' ruith eadar an Gearasdan agus Inbhir Nis. Tha e na loidhne-sgàinidh a chaidh a chruthachadh mu 400 millean bliadhna air ais nuair a ghluais dà phleata talmhainn 100 mìle seachad air a chèile, agus iad a' dol an aghaidh a chèile. Bidh am pròiseas seo ag adhbharachadh crithean-talmhainn mòra m.e. Sgàineadh San Andreas ann an San Francisco, agus bidh crithean beaga a' tachairt an seo anns a' Ghleann Mhòr bho àm gu àm.

Bha bholcànothan beò mun àm sin timcheall Beinn Nibheis agus Gleanna Comhann.

O chionn ghoirid - taobh a-staigh nan 10,000 bliadhna mu dheireadh - tha eigh-shruthan air an sgàineadh a dhèanamh nas doimhne, a' cruthachadh Loch Lòchaidh, Loch Obhaich agus Loch Nis.

'S e slighe thar-dùthcha nàdarra a tha seo agus cheangail an t-innleadair ainmeil, Tòmas Telford, ceithir lochan ri chèile gus slighe a dhèanamh do luingeas, a leigeadh leotha an t-slighe chunnartach timcheall ceann a tuath na h-Alba a sheachnadh.

Tha taisbeanadh de dhealbhan mu Hiort ri fhaicinn air a' bhalla. Tha na h-eileanan iomallach seo air a bhith gun luchd-àiteachaidh bhon a dh'fhalbh na h-eileanaich mu dheireadh, len toil fhèin, ann an 1930. (Seallaibh cuideachd air a' bhàta-phuist Hiortach ann an Seòmar 8). Am measg rudan eile, chì sibh pìos sglèata à Baile a' Chaolais far an robh cuaraidhean mòra aig aon àm, agus ceann gobhair, beathach a tha fhathast ri fhaicinn anns na ceàrnaidhean as iomallaiche ann an Loch Abar. Tha pàirt dhen stòras aig an neach-cruinneachaidh Alasdair MacIlleMhìcheil ri fhaicinn an seo cuideachd.

Seòmar 4. Àrc-eòlas.

Tha daoine air a bhith a' fuireach air a' Ghàidhealtachd an Iar airson ùine mhòr. Bha luchd-còmhnaidh ann an Eilean Rùm o chionn 8,500 bliadhna. Tha mòran stuth àrc-eòlasach ri fhaicinn ann an Seòmar 4. Tha taisbeanadh ann cuideachd air leasachadh sgiobannan teasairginn nam beann anns an fhicheadamh linn. Anns a' cheas as fhaisge air Seòmar 3, chì sibh buinn agus rudan eile bho long-bhrìste às an Fheachd-mhara Mhòr Spàinnteach, a chaidh fodha ann am Bàgh Thobar Mhoire ann am Muile ann an 1588, agus i a' teicheadh bho chabhlach Sasannach. Seallaibh an-àird agus chì sibh na tha air fhàgail de bhàta a thogadh às aon pìos fiodha. Chaidh a lorg, cuide ri amar agus bròg leathair, air làrach crannaig, eilean togte ann an loch. Tha dealbhan dhiubh ann an Seòmar 3.

Tha iomall aig cuach umha Chruithneach an seo, agus fàinne-chrochaidh, ann an cumadh ceann beathaich, ceangailte rithe. Chaidh a lorg ann an Caisteal Tioram faisg air Àth Tharracail. Tha bannan-làimhe òir Èireannach nas sine buileach anns an aon cheas. Buinidh iad do Linn an Umha agus chaidh an lorg ann an 1871 le croitear òg aig an robh aisling mu ulaidh thiodhlaicte!

Leanaibh oirbh suas an staidhre, seachad air taisbeanadh air Murt na h-Apann (1752) a bh' aig meadhan an leabhair ainmeil "Kidnapped" le Raibeart Louis Stevenson.

Cumaibh oirbh gu ruige:

Seòmar 5. Aodach

Thoisich muinntir na h-Alba air breacan a chur orra anns an 16^{mh} linn. Fhuair iad na dathan bho lusan is glasraich a bha a' fàs gu h-ionadail agus air sgàth sin bha breacanan dualtach a bhith a' sònrachadh sgìrean seach cinnidhean. Bha fir-chinnidh air an comharrachadh ann an cath le suaicheantais lusach air na bonaidean aca. Thàinig breacan cinnidh a steach, sa bhitheantas, fada an dèidh sin.

Nochd am fèileadh beag anns an 18^{mh} linn. Roimhe sin, chuireadh fireannaich am fèileadh mòr orra – ball-aodaich a ghabhadh cleachdadh mar phlaide air an oidhche. Tha ìomhaigh againn de dh'fhear a th' air a sgeadachadh anns an fhèileadh mhòr.

Bha breacan toirmisgte an dèidh Bliadhna Theàrlaich ach anns an 19^{mh} linn dh'èirich ùidh romansach anns a h-uile rud Gàidhealach air sgath nan nobhailean aig Sir Bhaltair Scott. Thadhail an Rìgh, Deòrsa IV, air Alba ann an 1822 agus, beagan an dèidh sin, fhuair a' Bhanrigh Bhictoria a dachaigh Ghàidhealach ann an Baile Mhoireil.

Chì sibh an seo an t-aodach Gàidhealach iomlan a thug i do dh'Iain MacIlleDhuinn (John Brown), an searbhanta aice. Bha an càirdeas eatarra fon phrosbaig anns an fhilm, Mrs Brown, a chaidh a dhèanamh ann an 1997.

Cumaibh oirbh, a' leantainn na tranrsa, gu ruige Seòmar 6. Tha an taisbeanadh seo a' cur ris an sgeulachd mu na Seumasaich.

Na Seumasaich.

Bidh a' chraobh-theaghlaich ann an Seòmar 6 a' soilleireachadh nan dàimhean eadar diofar dhaoine.

Fhuair an dàrna Rìgh Teàrlach rìgh-chathraichean na h-Alba agus Shasainn air ais ann an 1660, an dèidh nan cogaidhean catharra ann am meadhan an 17^{mh} linn. Bha e dìleas dhan chreideamh Phròstanach ach, an dèidh a bhàis, thàinig a bhràthair, a bha na Chaitligeach, dhan rìgh-chathair mar Sheumas VII & II. Bha mòran ann an Sasainn mi thoilichte mu chreideamh Sheumais agus thabhainn iad an rìgh-chathair do dh'Uilleam Orains, a bha na Dhùitseach Pròstanach, agus a bhean Mairi, nighean Sheumais.

Theich Seumas dhan Fhraing ach bha luchd-taice aige, air a bheil Seumasaich no Jacobites (bhon ainm Jacobus a tha a' ciallachadh Seumas ann an Laideann), agus bha iadsan gu daingeann airson e fhèin agus a shliochd a thilleadh dhan rìgh-chathair.

Fhuair Seumas VII, a mhac Seumas VIII agus an t-ogha aige, am Prionnsa Teàrlach Eideard Stiùbhart, taic eadar-ùineach bho dhùthchannan Eòrpach eile, gu h-àraid An Fhraing, air sgàth an nàimhdeas le Sasainn. Bha ar-a-mach beag ann an 1689, ach thachair èirigh mhòr ann an 1715. Bha sin air a piobrachadh le bàs na Banrigh Anna, a' phiuthar òg aig Mairi, a bh' air a bhith air an rìgh-chathair bho 1702. Cha robh clann mhaireann aice. Bha na h-uaislean ann an Sasainn gu làidir airson leantainn le monarcan Pròstanach agus thug iad cuireadh do Dheòrsa à Hanobhair, aig an robh daimh ris na Stiùbhartaich, a bhith na rìgh - Deòrsa I. Goirid an dèidh sin, dh'èirich na Seumasaich na aghaidh.

Bha Teàrlach Òg Stiùbhart 'Am Prionnsa Òg' os cionn an ar-a-mach mu dheireadh ann an 1745. A dh'aindeoin a tharraing phearsanta, chan e ceannard math a bh' ann. Ràinig e a' Ghàidhealtachd an Iar as t-samhradh 1745 gu ìre mhath na aonar, air sgath 's nach robh e air taic nam Frangach fhaighinn.

Cha robh cinn-cinnidh Ghàidhealach deònach a leantainn an toiseach ach, mu dheireadh thall, dh'aontaich cuid an taic a chur ris agus thàinig arm le 1,200 fear cruinn còmhla ann an Gleann Fhionghain air an 19^{mh} dhen Lùnastal. Dh'fhalbh iad gu deas, a' cruinneachadh luchd-taice air an rathad.

Bha iad glè shoirbheachail an toiseach, a' smachdachadh Dhùn Èideann agus an uair sin a' gabhail an rathaid a dh'ionnsaigh Lunnainn. Ach chaidh an lagachadh le trèigsinn an saighdearan, cion airgid, cion taice ann an Sasainn agus, mu dheireadh thall, na ceannardan aca a' trod nam measg fhèin. Thionndaidh iad air ais aig Derby agus theich iad a dh'Alba. Dh'fhuiling iad call sgrìosail, deireannach aig Cùil Lodair air an 16^m dhen Giblean 1746. Cha do sheall ceannard an riaghaltais, Diùc Chumberland, tròcair sam bith dhaibh agus choisinn e am far-ainm "Bùidsear". Bha am Prionnsa Teàrlach na fhògarrach air a' Ghàidhealtachd gus an deach aige air teicheadh dhan Fhraing anns an t-Sultain.

Tha dealbh ri fhaicinn anns an trannsa taobh a muigh Seòmar 5 a tha a' sealltainn carragh-cuimhne Ghleann Fhionghain a tha mar chuimhneachan air na fir-chinnidh a lean am Prionnsa. Chithear mapa cuideachd a tha a' sealltainn oighreachdan Loch Iall, ceann-cinnidh nan Camshronach, a chaidh a thoirt air falbh bhuaithe. Bha taic Loch Iall riatanach dhan Phrionnsa. Theich e dhan Fraing an dèidh Cùil Lodair agus chaill e na h-oighreachdan aige.

Cuideachd anns an trannsa tha dealbh de Fhionnghal Nic Dhòmhnail agus "Betty Burke". Thug Fionnghal taic dhan Phrionnsa, agus e air a sgeadachadh mar an sgalag aice, "Betty Burke". Chaidh Fionnghal a ghlasadh ann an Tùr Lunnainn airson greis ach choisinn an dol a-mach aice cliù buan dhi.

Seòmar 6 Na Seumasaich

Tha iomadh rud co-cheangailte ris a' Phrionnsa Òg san t-seòmar seo. 'S e an "dealbh dìomhair" am fear as ainmeile dhiubh. Chithear an ìomhaigh mhì-dhealbhach gu ceart a-mhàin ann an sgàthan cruinn-fhada. Chaidh a chleachdadh le luchd-leantainn a' Phrionnsa an dèidh Bliadhna Theàrlaich gus an dèiseachd leantainneach a thaisbeanadh.

Am measg rudan eile a nochdas an seo, tha gaotharan a chaidh a chleachdadh aig bàla a chuir am Prionnsa air dòigh ann an Dùn Èideann san t-Sultain 1745. Tha buinn ann a tha a' comharrachadh a' phòsaidh eadar Seumas VIII agus Clementina Sobieska agus breith a' Phrionnsa Òig, cuide ri glainneachan-fiona

a th' air an snaigheadh le samhlaidhean Seumasach. Tha an ròs air na glainneachan a' riochdachadh Seumas VIII agus tha an dà ghucaig a' riochdachadh a chuid mhac, Teàrlach Eideard agus Eanraig Beinidict. Chaidh Eanraig na chàirdineal agus leig e seachad an tagradh aige air a chrùn an dèidh bàs a bhràthar.

Tha aodann-bàis a' Phrionnsa anns an aon cheas ris an dealbh dhìomhair. Bha trioblaidean aige le trom-inntinn an dèidh an ar-a-mach - trioblaidean a dh'fhàs na bu mhiosa - agus bha e trom air an deoch. Phòs e aig aois 52 ach bha am pòsadh mì-shona agus gun chlann, ged a bha nighean dìolain aige air an robh Charlotte mar ainm. Chaochail e san Eadailt air an 31^{mh} dhen Fhaoilleach 1788. Tha ìomhaigh aige a rinn an snaigheadair Canova ann an Eaglais an Naoimh Pheadair san Ròimh.

Tha àite airson taisbeanadh neo-bhuan aig ceann Seòmar 6. Leanaibh oirbh gu:

Seòmar 7. Dòigh-beatha na Gàidhealtachd.

Chì sibh mòran rudan co-ceangailte ri beatha làitheil nan Gàidheal san t-seòmar seo. Bha na cinnidhean nan coimhearsnachdan eadar-eisimeileach gu ruige an 18^{mh} linn. Bheireadh an ceann-cinnidh taic do "theaghlach" farsaing anns an robh na fireannaich a' cumail taic ris aig àm cogaidh. Bhris dòigh-beatha nan cinnidhean às a chèile an dèidh 1745. Dh'fhàs na cinn-chinnidh na bu coltaiche ri uachdarain Ghallta, agus iad ag amas air an teachd a-steach aca a dhèanamh cho mòr 's a ghabhadh. Chaidh na daoine àbhaisteach fhuadachadh bhon fhearann as fheàrr, air an deach tuathanasan chaorach a stèidheachadh. Chaidh cuid a chuir air croitean air an talamh a bu mhiosa. Chaidh mòran fhuadachadh buileach glan, agus dh'fhalbh an t-uabhas dhaoine gu ruige tìrean cèin mar na Stàitean Aonaichte, Canada, Astràilia agus Sealan Nuadh. Chaidh iomadh gleann na fhàsach anns an 19^{mh} linn.

Chì sibh ionnsramaidean ciùil Gàidhealach mar a' chlàrsach agus a' phìob-mhòr an seo, agus cuach-òil thraidiseanta. Chaidh a' phoit-dhubh a chleachdadh airson uisge-beatha a dhèanamh gu

mì-laghail. Tha na doileagan a' seasamh airson caochladh dhreuchdan is characteran Gàidhealach.

Cumaibh oirbh sìos an staidhre mheadhanach agus tionndaidhibh gu deas gu:.

Seòmar 8. Arm, siubhal is einnseanaireachd.

Shir mòran Ghàidheal cothroman obrach fada air falbh an dèidh Bliadhna Theàrlaich. Chaidh mòran a-steach dhan arm agus tha na rèisimeidean Gàidhealach air seirbheis ionmholta a dhèanamh bhon uair sin. Dh'obraich feadhainn eile ann an dreuchdan ùra leithid togail rathaidean no, beagan an dèidh sin, rathaidean-iarainn. Bha mòran air am fastadh ann an gnìomhachasan ùr an almain no aluminium.

Tha na nithean cogail an seo a' buntainn ri rèisimeidean ionadail a chaidh a thogail aig àm cogadh Napoleon. Anns an ath cheas, chithear inneal measaidh rèidheachd a chaidh a chleachdadh le fear-tomhais a bha a' togail a' Chanàil Chailleannaich. Thàinig obair togail a' chanàil gu crìch ann an 1822. Chaidh na spaidean airgid a chleachdadh anns na deas-ghnàthan aig toiseach na h-obrach air rathaidean-iarainn na Gàidhealtachd an Iar agus Chille Chuimein.

'S e rud mìorbhaileach a bh' anns a' bhàta-phuist Hiortach. Cha robh ceangal ceart ann eadar na h-eileanan iomallach siud agus an còrr de dh'Alba. Chuir na h-eileanaich thùrail na litrichean aca air bhog ann an bogsaichean aig àm fàbharach a thaobh na tìde-mhara, agus iad an dòchas gun ruigeadh iad tìr air cladaichean Leòdhais, mar a thachair gu tric.

Tha leac almain againn anns a bheil 545 kg de chuideam. Tha feum air pailteas dealain gus alman a leaghadh agus, ged a bhios an stuth amh, bauxite, ri lorg ann an dùthchannan tropaigeach, tha uisge gu leòr againne air a' Ghàidhealtachd airson dealan saor a' dhèanamh. Chaidh leaghadair Cheann Loch Lìobhainn a thogail ann an 1904 agus an dàrna fear anns a' Ghearasdan fichead bliadhna an dèidh sin.

Tha an turas agaibh air tighinn gu crìch ach dèanaibh cinnteach gun tadhail sibh air a' bhùth againn air an rathad a-mach. Tha taghadh farsaing againn de leabhraichean inntinneach, glainneachan Seumasach agus mòran tiodhlacan eile. Mòran taing airson tadhal oirnn.